



Nàiseanta 4  
Sònrachadh Cùrsa



---

# Cruinn-eòlas Nàiseanta 4 Sònrachadh a' Chùrsa (C771 74)

## Dligheach bhon Lùnastal 2013

A' chiad deasachadh: Giblean 2012, dreach 1.0  
An deasachadh seo: Samhain 2022, dreach 2.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near notaichean air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bho dhreach nas tràithe (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2022

# Geàrr-iomradh a' chùrsa

**Tìotal a' chùrsa:** Cruinn-eòlas Nàiseanta 4

**SCQF:** ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

**Còd a' chùrsa:** C771 74

## Aonadan Riatanach

**H27G 74 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Nàiseanta 4)** 6 puingeann creideis SCQF

No

**H6N9 74 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacsa Albanach (Nàiseanta 4)\*** 6 puingeann creideis SCQF

agus

**H27H 74 Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Nàiseanta 4)** 6 puingeann creideis SCQF

agus

**H27J 74 Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Nàiseanta 4)** 6 puingeann creideis SCQF

No

**J6MV 74 Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil ann an Co-theacsa Atharrachadh Gnàth-shìde (Nàiseanta 4)** 6 puingeann creideis SCQF

agus

**Aonad Luach-Leasaichte**

**H27K 74 Obair Shònraichte Cruinn-eòlais (Nàiseanta 4)** 6 puingeann creideis SCQF

Tha sia puingeann creideis SCQF anns a' Chùrsa seo airson measadh air luach-leasaichte anns an Aonad Luach-Leasaichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Aonad seo san earrainn air Measadh.

\*Aonad a' cuir ri Duais nan Sgrùdaidhean Albannach: Bu choir an Sònrachadh Cùrsa seo a leughadh an co-bhonn ris an t-Sònrachadh Aonad iomchaidh airson Sgrùdaidhean Albannach air duilleag-lìn [Duais nan Sgrùdaidhean Albannach](#).

## Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh don Chùrsa seo an urra ris an ionad. Ach bhithte an dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa
- ◆ Cùrsa Saidheans na h-Àrainneachd Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

## Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 5 no na h-Aonadan aige
- ◆ Cùrsa Saidheans na h-Àrainneachd Nàiseanta 5 no na h-Aonadan aige
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

## Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thathar a' planadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' beachdachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

## Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tairginn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus air ionnsachadh a chuir an gnìomh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Annas a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

## Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa Cruinn-eòlais a' togail air prionnsapalan agus cleachdadh airson eòlas sòisealta agus thèid a leasachadh gu sònraichte, ged nach ann gu h-iomlan, fon cheann 'daoine, àite agus àrainneachd' taobh a-staigh nan eòlasan agus nam builean airson eòlas sòisealta. Tha e a' togail cuideachd air prionnsapalan agus cleachdaidhean saidheans agus air cuid de na h-eòlasan agus na builean bho raon curraicealaim saidheans.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Tro bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas agus tro bhith a' faighinn dòighean air anailis cruinn-eòlasach a dhèanamh, gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse air cùisean ann an saoghal an là an-diugh a tha nan uallach do shaoranaich gu lèir.

Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh na ceithir comasachdan ann an iomadh dòigh. Mar eisimpleir, thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus thèid iarraidh orra coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun dearbh- aithne fhèin agus ag ionnsachadh mu dhùthchannan agus chultaran eadar- dhealaichte. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse cruinn-eòlach leis an tuig iad cùisean cruinneil agus leis an toir iad freagairt dhaibh; cuidichidh seo iad gus a bhith mothachail air saoranachd earbsach.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair.

Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd tuigse air an àrainneachd, seasmhachd agus buaidh chùisean cruinneil. Leasaichidh iad mothachadh air saoranachd earbsach agus thèid am brosnachadh gus beachdachadh air buaidh na h-àrainneachd air an slàinte agus an sunnd fhèin agus air cuid chàich. Leis gum bi cuideam air a bhith ag eadar- mhìneachadh stòran, nam measg mapaichean, thèid sgilean smaoineachaidh a leasachadh. Mean air mhean thig piseach air sgilean litearrachd agus àireamhachd luchd-ionnsachaidh.

## **Adhbhar agus amasan a' Chùrsa**

Fosglaidh an Cùrsa seo an àrainneachd timcheall orra do luchd-ionnsachaidh, agus na dòighean sam bi daoine ag eadar-obrachadh leis an àrainneachd seo.

'S e adhbhar a' Chùrsa seo eòlas agus tuigse luchd-ionnsachaidh a leasachadh mun t-saoghal againn 's e ag atharrachadh, agus mu na pròiseasan daonna agus fiosaigeach aige. Bidh cothroman ann airson obair phractaigeach, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ach am faigh luchd-ionnsachaidh air eadar-obrachadh leis an àrainneachd aca.

San 21d linn, agus mothachadh mu bhuidh obair dhaonna air an àrainneachd 's air stòrasan tearc a' sìor fhàs, tha a bhith a' sgrùdadh Cruinn-eòlas a' brosnachadh seasamh dòigheil fad-bheatha a thaobh stiùbhardachd na h-àrainneachd, seasmhachd agus saoranachd chruinneil. Bheir an teisteanas seo an t-eòlas agus na sgilean do luchd-ionnsachaidh a leigeas leotha cur gu h-èifeachdach ri na coimhearsnachdan ionadail aca fhèin agus ris a' chomann-shòisealta mhòr.

Tha na co-theacsaichean airson sgrùdadh ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta agus cruinneil. Tha Cruinn-eòlas a' cur nan saidheansan sòisealta agus nàdarra gu feum: mar sin tha ionnsachadh eadar-chuspaireil bunaiteach ann an sgrùdadh cruinn-eòlasach agus tha ceanglaichean ri cuspairean eile gam brosnachadh.

'S iad prìomh amasan Cruinn-eòlais gun leasaich luchd-ionnsachaidh:

- ◆ grunn sgilean agus dòighean cruinn-eòlasach
- ◆ tuigse neo-fhillte air na dòighean anns am bi daoine agus an àrainneachd ag eadar-obrachadh mar fhreagairt do phròiseasan fiosaigeach agus daonna aig ìre ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta agus cruinneil
- ◆ tuigse neo-fhillte air dàimhean spàsail agus air an t-saoghal 's e ag atharrachadh
- ◆ ann an dòigh cothromach, breithneachail, co-fhaireachail
- ◆ sealladh cruinn-eòlasach air cùisean àrainneachd agus sòisealta
- ◆ uidh ann, agus cùram airson na h-àrainneachd agus bho sin leasachadh seasmhach

## **Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa**

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach iadsan a tha ag iarraidh tuigse nas fheàrr air an àrainneachd agus an àite fhèin innte cho math ri luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte no gu foghlam adhartach no cosnadh.

Tha intrigeadh don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ach, dh'fhaodadh gum bodhi e feumail don neach-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a bhith aca a chaidh a leasachadh tro eòlasan agus builean buntainneach bhon fhoghlam fharsaing choitcheann no teisteanasan co-ionann.

Tro bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail, togaidh luchd-ionnsachaidh grunn sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' cleachdadh agus ag eadar-mhìneachadh fiosrachadh cruinn-eòlasach diofraichte; ag eadar-mhìneachadh agus a' mìneachadh thachartasan cruinn-eòlasach; a' cleachdadh sreath de mhapaichean 's de dhàta eile gus fiosrachadh cruinn-eòlasach a làimhseachadh agus a chur an cèill; agus sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh.

Gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh cuideachd air beagan de shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlach bunaiteach tro ICT no dòighean eile.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Cruinn-eòlais gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu SCQF ìre 7. Gabhaidh adhartas dìreach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Cruinn-eòlais agus taobhach gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an eòlas sòisealta agus cuid de Chùrsaichean saidheans.

Leigidh Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 4 luchd-ionnsachaidh a-steach gu tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus trèanadh. Tha an Cùrsa seo na ullachadh airson raon farsaing de dh'obraichean agus dhreuchdan.

# Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

## Structar a' Chùrsa

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil agus practaigeach. Brosnaichidh e ionnsachadh gnìomhach, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ann a bhith a' leasachadh eòlas agus tuigse air cùisean cruinn-eòlasach. Bidh an cuspair seasmhachd a' ruith tron Chùrsa mar a tha iomchaidh. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach. Tro bhith a' cleachdadh beagan de stòran fiosrachaidh, leasaichidh iad sgilean rannsachaidh agus luachaidh gus cùisean cruinn-eòlach a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo leasaichidh luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' cleachdadh agus ag eadar-mhìneachadh fiosrachadh cruinn-eòlach eadar-dhealaichte; ag eadar-mhìneachadh agus a' mìneachadh thachartasan cruinn-eòlasach; a' cleachdadh sreath de mhapaichean 's de dhàta eile gus fiosrachadh cruinn-eòlasach a làimhseachadh agus a chur an cèill; agus sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh.

Gheibh luchd-ionnsachaidh mothachadh air beagan de shiostaman fiosrachaidh cruinn-eòlasach bunaiteach tro ICT no dòighean eile.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadh tarsainn air co-theacsaichean bhon àrainneachd fhiosaigich, an àrainneachd daonna agus cùisean cruinneil sna h-Aonadan a leanas. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha ceithir Aonadan riatanach sa Chùrsa seo, a' gabhail a-steach an Aonaid Luach-Leasaichte. Anns gach Aonad tha sùbailteachd a thaobh cho-theacsaichean agus chuspairean a dh'fhaodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Thèid na prionnsapalan gu h-àrd a chleachdadh anns na h-Aonadan gu h-ìosal:

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Nàiseanta 4)**

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean agus dòighean ann an co-theacsa àrainneachdan fiosaigeach. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-fhillte air na pròiseasan agus na h-eadar-obraichean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan fiosaigeach. Am measg nam prìomh chuspairean: far a bheil seòrsa dealbh-tìre; cruthachadh prìomh fheartan dealbhan-tìre; stiùireadh cleachdadh fearainn agus seasmhachd; agus side. Sgrùdaidh luchd-ionnsachaidh grunn sheòrsaichean dealbhan-tìre bho cho-theacsaichean ann an Alba agus/no san RA. Thèid seòrsaichean dealbhan-tìre a thaghadh bho; àrd-thalamh eighichte; clach-aoil àrd-thalamh; dealbhan-tìre costail; aibhnichean agus na srathan aca. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte anns na seòrsaichean dealbhan-tìre agus na sgìrean a thèid a thaghadh airson an sgrùdadh.

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Nàiseanta 4)**

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean agus dòighean ann an co-theacsa àrainneachdan daonna. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-

fhillte air na pròiseasan agus na h-eadar-obraichean a tha a' dol air adhart ann an àrainneachdan daonna. Nì luchd-ionnsachaidh sgrùdadh agus coimeas air dùthchannan leasaichte agus fo leasachadh a th' air an toirt bho cho-theacsa cruinneil. Am measg nam prìomh chuspairean: iomsgaraidhean ann an leasachadh; sgaoileadh sluagh an t-saoghail agus atharrachadh ann; agus cùisean co-cheangailte ri dealbhan-tìre bailteil agus dùthchail a bhith ag atharrachadh. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte tro na co-theacsaichean a thèid a thaghadh mar chuspairean-sgrùdaidh.

### **Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Nàiseanta 4)**

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh sgilean ann a bhith a' cleachdadh fiosrachadh àireamhach agus grafaigeach ann an co-theacsa chùisean cruinneil. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse neo-fhillte air cùisean cruinn-eòlasach cruinneil cudromach. Am measg nam prìomh chuspairean tha atharrachadh gnàth-shìde; buaidh gnìomhachd dhaoine air an àrainneachd nàdurra; gàbhaidhean àrainneachdail; malairt agus cruinnealas; agus turasachd agus slàinte. Sgrùdaidh luchd-ionnsachaidh cùisean cruinneil mòra agus na ro-innleachdan gus deiligeadh riutha. Tha pearsanachadh agus roghainn ceadaichte tro na cùisean a thèid a thaghadh airson sgrùdadh.

### **Aonad Luach-Leasaichte: Obair shònraichte Cruinn-eòlais (Nàiseanta 4)**

San Aonad seo, taghaidh luchd-ionnsachaidh cùis air a thoirt bho cho-theacsaichean cruinn-eòlasach airson sgrùdadh pearsanta. Rannsaichidh iad a' chùis a thagh iad agus taisbeanadh iad na toraidhean. Tron obair seo bidh cothroman aca fèin-fhiosrachadh fhaighinn air dùbhlàn agus cleachdadh, cho math ri cothroman na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a fhuair iad sna trì Aonadan eile den Chùrsa a leasachadh agus a chleachdadh.

## **Cùmhnantan duaise**

Gus Cùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riatanach a choileanadh, 's nam measg an t-Aonad Luach-Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riatanach anns an earrann Geàrr-iomradh a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.



## Sgilean, eòlas agus tuigse

Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa a thoirt seachad ann an Notaichean-taic a' Chùrsa. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' gabhail a-steachi:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse neo-fhillte ann an co-theacsaichean cruinn-eòlasach
- ◆ le taic, a' rannsachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho bheagan de stòran mu chùisean cruinn-eòlasach air a bheilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh sgilean mapaidh neo-fhillte, a' gabhail a-steach mhapaichean Suirbhidh Òrdanais ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh sgilean rannsachaidh neo-fhillte, a' gabhail a-steach obair-rannsachaidh a-muigh, ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach
- ◆ a' cleachdadh agus ag eadar-mhìneachadh beagan de dh'fhiosrachadh àireamhach agus grafaigeach ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air àrainneachd fhiosaigeach na h-Alba agus/no na Rìoghachd Aonaichte le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air an àrainneachd dhaonna ann an co-theacsa cruinneil le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte
- ◆ a' sealltainn eòlas agus tuigse air taghadh de chùisean cruinneil le bhith a' toirt seachad thuairisgeulan firinneach agus mhìneachaidhean neo-fhillte

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse a bhios sa Chùrsa a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Bheir sònrachaidhean ìre SCQF tuilleadh fiosrachaidh air feartan agus coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF. ([www.sqa.org.uk/scqf](http://www.sqa.org.uk/scqf))

## Measadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

## Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an Sònrachadh an Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le bhith a' cleachdadh dòighean-obrach eile le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach (Nàiseanta 4)**

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beagan de sgilean agus de dhòighean cruinn-eòlasach a chleachdadh, ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach, mu àrainneachdan fiosaigeach
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a tha a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air àrainneachdan fiosaigeach air an toirt bho cho-theacsaichean na h-Alba agus/no na RA gu lèir

### **Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Daonna (Nàiseanta 4)**

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beagan de sgilean agus de dhòighean cruinn-eòlasach a chleachdadh, ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach, mu àrainneachdan daonna
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a tha a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air àrainneachdan daonna air an toirt bho dhùthchannan leasaichte agus fo leasachadh

### **Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil (Nàiseanta 4)**

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air:

- ◆ comas beagan de stòran fiosrachaidh àireamhach agus grafaigeach a chleachdadh ann an co-theacsaichean air a bheilear eòlach mu chùisean cruinneil
- ◆ tuairisgeulan neo-fhillte agus mìneachaidhean goirid a tha a' sealltainn eòlas agus tuigse, a tha gu ìre mhòr firinneach, air cùisean cruinneil

Ma thèid Aonadan a ghabhail mar phàirt de Chùrsa, faodaidh an fhianais airson 'sgilean mapaidh' no 'sgilean rannsachaidh' a bhith air a sealltainn ann an co-theacsa an Aonaid Àrainneachdan Fiosaigeach no an Aonaid Àrainneachdan Daonna.

# Aonad Luach-Leasaichte

Tha measadh air [luach-leasaichte](#)<sup>1</sup> ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach-leasaichte a mheasadh ann an Aonad Luach-Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach-Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlán no cur an gnìomh.

Sa Chùrsa Cruinn-eòlas Nàiseanta 4, cuiridh an t-Aonad Luach-Leasaichte fòcas air:

- ◆ dùbhlán
- ◆ cleachdadh

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le [obair shònraichte](#)<sup>2</sup> anns an rannsaich luchd-ionnsachaidh cuspair no cùis cruinn-eòlach agus taisbeanaidh iad na toraidhean. Bidh am pìos-obrach fosgailte agus sùbailte gu leòr gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

---

<sup>1</sup> Thèid mìneachadh an lorg an seo: [www.sqa.org.uk/sqa/58409.html](http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html)

<sup>2</sup> Mar bonn-nota gu h-àrd

# Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Thathar an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean air a bheilear an dùil a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Chùrsa, stèidhte air *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh* agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhighe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## **1 Litearrachd**

1.1 Leughadh

## **2 Àireamhachd**

2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

## **4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd**

4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoinichaidh**

5.2 Tuigse

5.3 Cur an gnìomh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Frèam Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh*. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

# Fiosrachadh rianachd

---

Foillsichte: Samhain 2022 (dreach 2.0)

---

## Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

| Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa | Dreach | Iomradh air an atharrachadh   | Ùghdarrachaidhe                      | Deit         |
|-----------------------------|--------|---|--------------------------------------|--------------|
|                             | 1.1    | Atharraichean beaga gus aithrisean a shoillearachadh agus briathrachas a dheanamh co-chòrdail ri Sònrachadh Measadh Cùrsa agus Sònrachaidhean Aonaid ann an structar a' Chùrsa agus earrainnean measaidh Aonaid.  | Manaisdear Leasachaidh Theisteanasan | Ògmhios 2013 |
|                             | 1.2    | Fiosrachadh mu Aonad Duais nan Sgrùdaidhean Albannach air a chuir a steach. Cha deach atharraichean eile a dhèanamh air susbaint na sgrìobhainn.  | Manaidsear Theisteanasan             | Sultain 2014 |
|                             | 2.0    | Gèarr-chunntas cùrsa air ùrachadh gus J6MV 74 Cruinn-eòlas: Cùisean Cruinneil ann an Co-theacsa Atharrachadh Gnàth-shìde a ghabhail a steach mar roghainn eile an àite H27J 74. Faodar H27J 74 no J6MV 74 a chrìochnachadh mar phàirt den chùrsa Nàiseanta 4. | Manaidsear Theisteanasan             | Samhain 2022 |
|                             |        |   |                                      |              |

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near: Tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA ([www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-Sònrachadh Cùrsa seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2022